

BÒRD NA GÀIDHLIG

Geàrr-chunntas bho Choinneamh a' Bhùird-stiùiridh
Diardaoin 18/ 03/2021 aig 10.45-11.30
Air-loidhne

Minutes of the Board Meeting
Thursday 18/03/2021 at 10.45-11.30
Online

Buill an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]
Ailean Caimbeul (AC)
Dòmhnall MacLeòid (DML)
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)
Stewart MacLeòid (StML)

Members present:

Mary T MacInnes (MTMI) [Chair]
Allan Campbell (AC)
Donald MacLeod (DML)
Johan Smith (JS)
Stewart MacLeod (StML)

An làthair:

Luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig

Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean
Coimhearsnachd (DB)
Mairianne Stiubhart, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra
(MS)
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig (SW)
Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan (SK)
Orla NicDhòmhnaill, A' Togail Geàrr-chunntas (OND)

In attendance:

Bòrd na Gàidhlig staff

David Boag, Director of Language Planning & Community
Development (DB)
Mairianne Stewart, Head of Finance & Corporate Affairs (MS)

Jim Whannel, Director of Gaelic Education (JW)
Steven Kellow, Funding and Projects Officer (SK)
Orla MacDonald, Recording Minute (OMD)

1.0 TOISEACH AN T-SEISEIN FHOSGAILTE

OPEN SESSION START

1.1 Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus luchd-obrach a bha an làthair.

The Chair welcomed staff and members in attendance.

1.2 Leisgeulan

Jennifer Gilmour (JG)
Shona NicIlinnein, Ceannard (SNI)

Apologies

Jennifer Gilmour (JG)
Shona MacLennan, Ceannard (SML)

1.3 A' nochdadh chom-pàirtean

DML – Comhairle nan Eilean Siar

Declarations of interest

DML – Comhairle nan Eilean Siar

2.0 IONMHAS

FINANCE

2.1 Iarrtasan Taic-airgid

Bha còmhraidh aig Buill agus Luchd-obrach mu dheidhinn na h-obrach a rinneadh air seo, cho cudromach 's a tha na dreuchdan seo agus a bhith gan àbhaisteachadh. Thug iad seachad beachdan airson leasachadh san àm ri teachd.

Funding applications

Members and Staff discussed the work that has gone into this, the importance of these posts and their normalisation. They provided ideas for future development.

Chaidh taing a thoirt do Riaghaltas na h-Alba airson am maoineachadh seo a thoirt don bhuidhinn, leis gu bheil e a' freagairt air cuid de na duilgheadasan 's na coimhearsnachdan traidiseanta.

The Scottish Government was thanked for providing the funding to the organisation, as it addresses some of the issues in the traditional communities.

Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a tha e gu bheil e follaiseach san obair a tha Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh, gu bheil a' Ghàidhlig air a neartachadh sna choimhearsnachdan Eileanach is Dùthchail.

It was emphasized how crucial it is that the importance of strengthening Gaelic in Island and Rural communities is clear in the work of Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government.

Bha ceist aig Buill mu luach an airgid agus dè cho fad 's a bhios airgead ann airson seo. Thug DB agus SK fios seachad mu dheidhinn a' phròiseis airson seo a thomhas.

Members asked about value for money and how long the money would last. DB and SK detailed the process for measuring this.

Bha còmhradh ann am biodh cothrom aig na h-oifigearan pàirt-thìde cur a-steach airson nan dreuchdan ùra seo far an tèid obair nan iomairtean a leudachadh.

Thug Buill iomradh air cho cudromach 's a tha e gu bheil oifigearan ag obair sna coimhearsnachdan airson an cànan a bhrosnachadh agus thug iad cuideachd iomradh air an airgead a tha air a chosg gach bliadhna airson taic a chur ri seo.

Bha ceist ann mu lìonra nan oifigearan Gàidhlig agus thug DB fios seachad mun lìonra a thèid a chur air bhog a dh'aithghearr.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris na h-iarrtasan mar a chaidh an taisbeanadh.

Gnìomh:

Fios air seo a sgaoileadh.

There was discussion as to whether the part-time officers would have the opportunity to apply for these new posts in areas where the work of the initiatives is to be expanded.

Members commented on the importance of officers working in the communities to promote the language and also commented on the money spent each year to support this.

There was a question about the network of Gaelic officers and DB announced that the network would be launched shortly.

Decision:

Members APPROVED the applications as presented.

Action:

To distribute information about this initiative.

3.0

Ceann-latha na h-ath coinneimh 16/06/2021

Thug an Cathraiche agus Buill fàilte air an naidheachd mu sgoil Ghàidhlig ùr ann an Ceap Breatainn.

Dùnadh na coinneimh

Date of next meeting 16/06/2021

The Chair and Members welcomed the news of a new Gaelic school in Cape Breton.

Close of meeting